



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

A' Phàrlamaid Albannach agadsa














Dè a th' ann am Pàrlamaid na h-Alba?

Chaidh Pàrlamaid na h-Alba a stèidheachadh an 1999 gus cùisean a dheasbad agus laghan a dhèanamh airson na dùthcha. Gheibhear 129 riochdaire a chaidh a thaghadh don phàrlamaid, ris an canar Buill Pàrlamaid na h-Alba no BPA.







Dè as urrainn do Phàrlamaid na h-Alba co-dhùnadh?

Tha cumhachd aig Pàrlamaid na h-Alba laghan a dhèanamh ann an raon de chùisean ris an canar gnothaichean **tiomnaichte**. Tha grunn chùisean air am fàgail fo uallach Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte a-mhàin. Canar gnothaichean **glèidhte** riutha seo.

An lùib nan gnothaichean tiomnaichte, gheibhear:

-  Àiteachas, coilltearachd agus iasgach
-  Foghlam agus trèanadh
-  Àrainneachd
-  Seirbheisean slàinte agus sòisealta
-  Taigheadas
-  Planadh a thaobh cleachdadh an fhearainn
-  Lagh is riaghailt
-  Riaghaltas ionadail
-  Spòrs agus na h-ealain
-  Grunn sheòrsachan cìse
-  Iomadh taobh còmhdaill

An lùib nan gnothaichean glèidhte, gheibhear:

-  Sochairean agus tèarainteachd shòisealta
-  Craoladh
-  Bun-reachd
-  Dìon
-  Cosnadh
-  Cothroman co-ionannachd
-  Poileasaidh dhùthchannan cèin
-  In-imrich
-  Malairt agus gnìomhachas

Tha barrachd chumhachdan gan aiseag an-dràsta gu Pàrlamaid na h-Alba le Achd na h-Alba 2016, ann an raointean leithid chìsean, sochair agus taghaidhean do Phàrlamaid na h-Alba.

Ciamar a bhios a' Phàrlamaid a' dèanamh laghan?

Tha Pàrlamaid na h-Alba a' dèanamh laghan le bhith ag aontachadh bhilean. Gabhaidh bilean a thoirt a-steach le Riaghaltas na h-Alba, BPA nach eil nam buill de Riaghaltas na h-Alba agus le comataidhean is buidhnean no daoine fa leth nach eil nam BPA. Is àbhaist gu bheil trì ìrean anns a' phròiseas.

Ìrean bile



Ìre 1

Bidh comataidhean pàrlamaideach a' beachdachadh air na prionnsabalan coitcheann (an t-adhbhar iomlan) aig a' bhile agus mar as trice, iarraidh iad beachdan air muinntir na dùthcha.

Bidh a' Phàrlamaid an uair sin a' deasbad agus a' tighinn gu co-dhùnadh a thaobh nam prionnsabalan coitcheann aig a' bhile anns an t-Seòmar Deasbaid.

Ìre 2

Nì comataidh pàrlamaideach mion-chnuasachd air a' bhile agus co-dhùnadh mu leasachadh sam bith a th' air a mholadh (atharrachaidhean).



Ìre 3

Is urrainn don Phàrlamaid beachdachadh air barrachd atharrachaidhean a thoirt air a' bhile. An uair sin, co-dhùinidh a' Phàrlamaid an tèid am bile aontachadh no a dhiùltadh.

Dè a thachras an uair sin?

An dèidh do bhile a bhith air aontachadh, is àbhaist ceithir seachdain a bhith ann airson cur na aghaidh ma thathar am beachd nach eil còir laghail aig Pàrlamaid na h-Alba dèiligeadh ris. Mur tèid cur na aghaidh, thèid a chur chun a' mhonairc airson Aonta Rìoghail.

Nuair a gheibh bile Aonta Rìoghail, thèid e na Achd aig Pàrlamaid na h-Alba. Ach, dh'fhaodadh nach tèid a chur an gnìomh uile air ball.

An robh fios agad?

Is e buidhnean fa leth a th' ann am Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba. Bidh Pàrlamaid na h-Alba a' dèanamh laghan airson ghnòthaichean tiomnaichte agus a' cumail Riaghaltas na h-Alba cunntachail. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' toirt laghan gu buil agus a' leasachadh poileasaidh airson ghnòthaichean tiomnaichte.



BPA

Ciamar a thèid BPA a thaghadh?

Ann an taghadh Pàrlamaid na h-Alba, tha dà bhot aig gach neach-bhòtaidh – aon don sgìre-phàrlamaid aca agus aon don roinn-phàrlamaid aca. Tha 73 BPA sgìreil agus 56 BPA roinneil ann gu h-iomlan. Tha BPA air an taghadh le Siostam Buill a Bharrachd, a tha na sheòrsa de shiostam riochdachaidh co-roinneil.

Is àbhaist gu bheil gach neach an Alba air a riochdachadh le aon BPA sgìreil agus seachd BPA roinneil. Tha an aon inbhe aca uile agus is urrainn dhut fios a chur gu gin dhen ochdnar a tha gad riochdachadh.

Toradh taghadh Pàrlamaid na h-Alba 2016 a rèir pàrtaidh

Pàrtaidh Nàiseanta h-Alba

63

Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba

31

Pàrtaidh Làbarach na h-Alba

24

Pàrtaidh Uaine na h-Alba

6

Pàrtaidh Libearalach Deamocratach na h-Alba

5

Dè a bhios BPA a' dèanamh?

Tha BPA ag obair sna sgìrean ionadail do bheil iad nan riochdairean. Cuideachd, bidh iad a' frithealadh dheasbadaidh agus coinneamhan nan comataidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Gus a bhith gad riochdachadh-sa, is urrainn do BPA:

- iarrtas a chur a-steach gus taic fhaighinn airson cùise
- bruidhinn ann an deasbad
- bile a thoirt a-steach a bheir atharrachadh air an lagh
- ceist a chur air ministearan Riaghaltas na h-Alba
- gnothaichean a shìneadh gu neach no buidheann, no ceistean a chur orra

Cò a tha gam riochdachadh?

Gus faighinn a-mach cò a tha gad riochdachadh, is urrainn dhut an **còd-puist** agad a rannsachadh air an làrach-lìn againn no fios a chur gu Fiosrachadh a' Phobaill.



Dè a bhios a' tachairt anns an t-Seòmar Deasbaid?

Is urrainn don a h-uile BPA pàirt a ghabhail ann an coinneamhan san t-Seòmar Deasbaid. A bharrachd air còmhraidhean mu mholaidhean airson laghan ùra, dh'fhaodadh na leanas a bhith an lùib gnothaichean an t-Seòmair:


- **Deasbadan**
Is iad seo còmhraidhean eadar BPA, mar as trice stèidhichte air gluasad.
- **Ceistean a' Phrìomh Mhinisteir**
Is e seo far am bi BPA a' ceasnachadh a' Phrìomh Mhinisteir.
- **Amannan nan Ceistean**
Is iad seo seiseanan far am bi BPA a' ceasnachadh Rùnairean a' Chaibineit agus Mhinistearan.
- **Aithrisean ministreil**
Bidh Rùnairean Caibineit agus Ministearan a' dèanamh feum dhiubh seo gus fios a thoirt don Phàrlamaid mu gnothaichean èiginneach no gus nithean mu phoileasaidh fhoillseachadh.
- **Àm co-dhùnaidh**
Is e seo àm sam bi BPA a' tighinn gu co-dhùnadh mu na gluasadan a chaidh an deasbad tron latha, gu tric le bhith a' bhòtadh.

Dè an dreuchd aig an Oifigear Riaghlaidh san t-Seòmar?

Tha an t-Oifigear Riaghlaidh, le taic bho dhithis Leas-oifigearan Riaghlaidh, na chathraiche air coinneamhan san t-Seòmar Deasbaid. Feumaidh Oifigearan Riaghlaidh a bhith gun taobh seach taobh nuair a bhios iad anns a' chathair aig coinneamhan.

Plana suidhe nam BPA san t-Seòmar Deasbaid, an Cèitean 2016

Is àbhaist do BPA a bhith air an roinn a rèir nam pàrtaidhean aca.



An t-Oifigear Riaghlaidh
(no Leas-oifigear Riaghlaidh)



Dè a bhios comataidhean a' dèanamh?

Tha comataidhean nam buidhnean beaga de BPA a bheir sùil air cuspairean sònraichte leithid slàinte, an eaconamaidh no ceartas. Tha pàirt chudromach aca san obair aig Pàrlamaid na h-Alba oir, eu-coltach ri Pàrlamaid na RA, is e pàrlamaid aon-seòmarach a th' ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Gheibhear na leanas an lùib obair nan comataidhean:

○ Reachdas

Is urrainn do chomataidhean beachdachadh orra agus molaidhean airson laghan ùra atharrachadh. Is urrainn dhaibh fhèin laghan ùra a mholadh cuideachd.

○ Rannsachaidhean

Is urrainn do chomataidhean cuspair sam bith a thig fon raon-ùghdarras aca a rannsachadh agus molaidhean fhoillseachadh.

○ Athchuingean

Is urrainn do chomataidhean beachdachadh orra agus aithris air athchuingean a chaidh a chur a-steach le buill a' phobaill agus buidhnean aig a bheil miann cùis a thogail.

Ciamar a bhios comataidhean ag obrachadh?

- Gheibhear neach-gairm sa chathair aig gach comataidh agus tha seachdnar BPA no aon BPA deug nam buill aig a' mhòrchuid de na comataidhean a th' ann an-dràsta. Tha na buill air an taghadh a rèir meud nam pàrtaidhean 's nam buidhnean poilitigeach ann am Pàrlamaid na h-Alba.
- Bidh comataidhean ag iarraidh air buill a' phobaill an seasamhan a thoirt dhaibh mu na cùisean air a bheil iad a' beachdachadh. Cuideachd, is urrainn dhaibh iarraidh air neach sam bith coinneamh a fhrithéaladh mar fhianais. Bheir fianaisean dearbhadh co-cheangailte ri gnothach na comataidh.

Seirbheisean Fiosrachaidh a' Phobail

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba agus a cumhachdan, cuir fios thugainn.



parliament.scot/live-chat



0800 092 7500 no 0131 348 5000
0131 348 5395 (Gàidhlig)

Faodar fios a chur thugainn le bhith cleachdadh na seirbheis-fòn, Text Relay, no ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn tro [contactSCOTLAND-BSL](https://www.contactscotland-bsl.com).



gaidhlig@parliament.scot



Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann, EH99 1SP



parliament.scot/contact



Ma tha fiosrachadh a dhìth ort ann an cruth no cànan eile, cuir fios thugainn.

Gus faighinn a-mach mar a bhios sinn a' làimhseachadh an fhiosrachaidh agad, faic www.parliament.scot/dataprotection